

## Stiùireadh Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig 2023/24

### Gaelic Early Years Grants 2023/24 Funding Guidelines

#### Mu dheidhinn na Maoine

Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air a ruith is air a mhaoineachadh le Bhòrd na Gàidhlig is ri fhaighinn airson taic a thoirt do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig gus seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a ruith do chlann aig aois 0-3. Tha an sgeama a' cur taic ri amasan a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig ri linn cleachdadadh na Gàidhlig aig an taigh agus foghlam nan tràth-bhliadhnaichean.

Tha Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh ullachadh airson bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean 0-3 a stèidheachadh no a ruith a bhiodh feumail do bhuidhnean a tha beachdachadh air iarrtas a chur a-steach, [is e ri fhaighinn air an làrach-lìn againn an seo](#).

#### Cò dhà a tha an sgeama seo?

Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig ri fhaighinn do na buidhnean tràth-bhliadhnaichean saor-thoileach no treasaibh-roinn uile a tha airson seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a lìbhrigeadh airson clann aig aois 0-3 anns a' bhliadhna-sgoile 2023/24.

Tha sgeama am bliadhna gu sònraichte ag amas air taic a chur ri bhuidhnean a tha sealltainn mar a bhios iad a' coileanadh na leanas:

- A' daingneachadh gu bheil cothrom seasmhach aig clann is teaghlaichean air solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
- A' cur ris an àireamh chloinne a tha a' cumail a' dol le ionnsachadh tron Ghàidhlig aig ìrean eadar-ghluasaid
- A' cuideachadh barrachd theaghlaichean ann an Alba a bhith mothachail air na buannachdan a thig bho dhà-chànanas agus air na cothroman a gheibhear le foghlam tron Ghàidhlig
- A' cuideachadh phàrantan gus am bi eòlas nas fheàrr aca air goireasan agus air na cothroman a th' ann gus taic a chumail is conaltradh a dhèanamh ri an cuid chloinne tron Ghàidhlig san taigh agus sa choimhleasachd

#### About the Fund

The Gaelic Early Years Grants scheme is run and funded by Bòrd na Gàidhlig and is available to support Gaelic early years groups to provide sessions through the medium of Gaelic to children aged 0-3, supporting the objectives of the National Gaelic Language Plan with regard to use of Gaelic in the home and early years education.

Bòrd na Gàidhlig has developed guidance for establishing and running early years groups that is useful for groups expecting to make an application, [which is available here](#).

#### Who is this scheme for?

The Gaelic Early Years Grants are available to all voluntary and third-sector early years groups that are looking to deliver sessions for children aged 0-3 through the medium of Gaelic in the 2023/24 school year.

This year's scheme would specifically like to support groups that can show how they will achieve the following:

- Ensuring that children and families have sustained access to Gaelic early years provision
- Increasing the number of children continuing with Gaelic-medium learning at key transition stages
- Helping more families in Scotland become aware of the benefits of bilingualism and the opportunities offered by Gaelic-medium education
- Helping parents become better informed on resources and opportunities to support and interact with their children through Gaelic in homes and communities

Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead air:

- Cho math agus a tha a' bhuidheann a' freagairt air prìomhachasan na maoine
- Comasan na buidhne gus seiseanan Gàidhlig aig deagh inbhe a libhrigeadh
- Cho math agus a tha a' bhuidheann a' cumail taic ri cleachdad, ionnsachadh is cur air adhart na Gàidhlig sa choimhearsnachd
- Soirbheachas na buidhne ann a bhith a' cur ri àireamhan frithealaiddh, àireamhan a' dol air adhart gu FtG agus ann a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig san sgìre
- Comasan na buidhne gus sùil a chumail air is measadh a dhèanamh air adhartas
- Luach an airgid ga shealltainn anns an iarrtas

Gheibhear stiùireadh-measaidh nas mionaidiche [air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#).

## Riaghailtean

### Clàr-ama

Bheir a' mhaoin taic do sheiseanan na buidhne a thèid a libhrigeadh eadar 1 Lùnastal 2023 agus 10 Iuchar 2024. Dh' fhaodadh taic a thoirt seachad taobh a-muigh an clàr-ama seo ma cheadaicheas Bòrd na Gàidhlig seo ann an suidheachadh air leth.

### Irean taic-airgid

'S e £120,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo.

Faodaidh buidhnean a tha libhrigeadh 1 seisean san t-seachdain a-mhàin suas ri **£5,000** a shireadh, ach faodaidh buidhnean a tha a' libhrigeadh barrachd na 1 seisean san t-seachdain suas ri **£15,000** a shireadh.

Thatnar an dùil gum bi gach buidheann a' togail airgid bho thùsan eile (m.e. cìsean frithealaiddh no taic-airgid eile) agus gum bi tabhartasan bhon mhaoin seo a' cur taic suas ri 80% de chosgaisean slàna na buidhne aig a' char as fhaide.

Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil païrt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile aig Bòrd na Gàidhlig.

In assessing your application, we will be looking at:

- How well the group meets the aims of the fund
- The ability of the group to deliver high-quality Gaelic early years sessions
- How well the group supports the wider usage, learning and promotion of Gaelic in the community
- The success of the group in growing attendee numbers, numbers progressing to GME and promoting Gaelic in its area
- The ability of the group to monitor and assess its progress
- The value for money demonstrated by the application

Detailed assessment guidance can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

## Requirements

### Timeframe

The fund will support group sessions which will take place and be fully completed between 1 August 2023 and 10 July 2024. Support outwith this timeframe may be provided in exceptional circumstances at the discretion of Bòrd na Gàidhlig.

### Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £120,000.

Groups that deliver only 1 session per week can apply for a maximum of **£5,000**, while groups that deliver more than 1 session per week can apply for a maximum of **£15,000**.

It is expected that each group will raise money from other sources (i.e. attendance fees or other funding) and that grants from this fund will be up to a maximum of 80% of total group costs.

Applicants must ensure that no other part of the project's budget comes from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes.

Cuiridh a' mhaoin prìomhachas air taic a chumail ri tuarastalan stiùirichean-cluiche aig a bheil Gàidhlig, mà nan seòmraichean agus cosgaisean eile an àite ma tha iarrtas nas àird airson maoin na tha anns a' bhuidseat.

Bu chòir stiùirichean-cluiche a tha a' faighinn taic tron sgeama seo a bhith fileanta sa Ghàidhlig, na bhall den [sgeama PVG](#), agus tha e riatanach gum bi buidhnean a' pàigheadh aig [ire an Tuarastal Bith-beò Albannaich de £10.90 san uair.](#)

Chan fhaod an taic-airgid againn a bhith air a cosg air cuairtean, pàrtaidhean no tiодhlacan.

### Aithne don Taic

Mar bhuidheann phoblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh ar cuid airgid, is mar sin tha e cudromach gu bheil sibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan bhuidheann agaibh far a bheil sin iomchaidh.

Bidh sinn a' faighneachd san fhoirm-iarrtais mar a bhios sibh an dùil seo a dhèanamh tron phròiseact ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail agus feumaidh sibh fianais a chur thugainn san aithisg dheireannaich air mar a tha sibh air an taic-airgid againn aithneachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaiddh, nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh](#) is [Stiùireadh Brànn](#) air an làrach-lìn againn.

### Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact aca a libhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad ann an aithisg adhartais san Fhaolloch 2024, aithisg teachd-a-steach is cosgaisean sa Ghiblean 2024 agus aithisg dheireannaich san luchar 2024.

Feumaidh sibh cuideachd fiosrachaiddh a thional bho chom-pàirtichean mu na h-abairtean gu h-iosal a tha stèidhichte air slatan-tomhais bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- "Tha am buidheann air mo phàiste a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice"
- "Tha am buidheann air sgilean Gàidhlig mo phàiste a thoirt air adhart"
- "Tha frithealadh mo phàiste aig a' bhuidhinn seo air cur ri mo bheachd air cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dh'Alba"

The fund will prioritise supporting costs for wages of Gaelic-speaking playleaders, venue rent and venue costs in the event that the fund is oversubscribed.

All playleaders supported through this fund should be fluent Gaelic-speakers, hold membership of [the PVG scheme](#), and must be paid at least [the Scottish Living Wage of £10.90 per hour.](#)

Our funding cannot be used towards the costs of trips, parties or gifts.

### Acknowledgment

As a public body it's important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it's important that you acknowledge where appropriate that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your group.

We'll ask you in the application how you will acknowledge our support throughout the project if your application is successful and you must evidence how you have acknowledged our support in your final report.

For further information please read our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

### Project monitoring and evaluation

All successful projects will be required to monitor and evaluate their project delivery and provide evidence of this in a progress report in January 2024, an income/expenditure report in April 2024 and final report in July 2024.

You must also collect feedback from parents of attendees relating to the following statements based upon measures in [Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23](#):

- "Attending the group has encouraged my child to use Gaelic more often at home"
- "Attending the group has enhanced my child's Gaelic skills"
- "Having my child attend the group has made me believe more strongly that Gaelic is important to Scotland"

Bu chòir dhuibh sealltainn san iarrtas ciamar a bhios sibh a' tional an fhiosrachaidh.

## Pàrantachd Corporra & UNCRC

Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014 gus cur air adhart deagh cleachdad dh ann a bhith a' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoineachadh bhuainn cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh innse san fhoirm-iarrtais mar a tha sibh an dùil gum bi am pròiseact agaibh a' dèanamh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-ìosal:

- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an cùram](#)
- [The Promise](#)
- [Who Cares? Scotland](#)

## An UNCRC

Tha [Co-chruinneachadh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne \(UNCRC\)](#) na bhun-ìre airson còraichean chloinne agus a' mìneachadh chòraichean bunaiteach aig gach pàiste. Tha 54 artaigilean aig an UNCRC. Tha Artaigilean 1 – 41 a' mìneachadh còraichean a thaobh mar a bu chòir dèildeadh ri clann & daoine òga gus am bi iad toilichte, sàbhailte agus fallain. [Gheibhearn na h-artaigilean an seo](#). Tha dleastanas air a h-uile Buidheann Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig adhartachadh agus taic a thoirt do chòraichean chloinne a tha a' cleachdad dh na seirbheisean aca.

## A' cur iarrtais a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig [bng.fluxx.io](https://bng.fluxx.io). Faodaidh sibh cunnas a chruthachadh saor an-asgaidh air an làraich-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Faodaidh diofar dhaoine a bhith ag obair air an iarrtas, ach feumaidh co-dhiù aon de na luchd-conaltraidh a bhith nan buill den chomataidh. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

Evidence should be provided in your application as to how you will collect this feedback.

## Corporate Parenting & UNCRC

Bòrd na Gàidhlig has a responsibility under the Children and Young People (Scotland) Act 2014 to promote opportunities for young people who are, or have been, in care under the Children and Young People (Scotland) Act 2014

We would like the organisations and projects that we fund to also consider how their work can contribute to these aims and will ask in the application form how your proposed project will seek to do so.

For further information, please consult the links below:

- [About Corporate Parenting and supporting care-experienced young people](#)
- [The Promise](#)
- [Who Cares? Scotland](#)

## The UNCRC

The [United Nations Convention on the Rights of the Child \(UNCRC\)](#) is the base standard for children's rights and sets out the fundamental rights of all children. The UNCRC has 54 articles. Articles 1 – 41 sets out rights about how children & young people should be treated so that they are happy, safe & healthy. [These articles can be found here](#). All Gaelic Early Years Groups have a duty to promote & support the rights of children accessing their services.

## Submitting an application

Applications should be submitted via our Fluxx application portal at [bng.fluxx.io](https://bng.fluxx.io). An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. Multiple people can work on the application, but we require at least one of the named contacts to be a committee member. All supporting documents can be submitted via the portal.

Dùnaidh portal nan iarrtasan aig **3f air Diardaoin 13 Iuchar 2023** agus cha bhi e ceadaichte iarrtas a chur a-steach às dèidh a' chinn-uidhe sin ach ma tha cead air fhaighinn ann an sgrìobhadh ro-làimh bho Bòrd na Gàidhlig.

Tha [taic mionaideach ri fhaighinn air an fiosrachadh a tha sinn a' sireadh bho gach ceist.](#)

Ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' phortal no ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh an iarrtas nach cuir sibh post-d thugainn aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Nuair a tha sibh a' cur an iarrtas a-steach, feumaidh sibh na **fàidhlichean-taic riatanach** a leanas a chur còmhla ris:

#### Riatanach

- Bonn-stèidh no Meòrachan agus Artaigilean Companaidh
- Na Cunntasan Bliadhnaill mu dheireadh no 3 aithrisean-banca bhon 12 mìosan mu dheireadh (no ma 's e buidheann air stèidheachadh o chionn goirid a th' annaibh, litir bhon bhanca a' dearbhadh gu bheil cunntas agaibh air fhosgladh)
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaидh
- Liosta de Bhuill a' Bhùird no Comataidh le fiosrachadh conaltraidh (le Cathraiche, Rùnaire agus Ionmhasair air ainmeachadh, le daoine fa-leth anns gach dreuchd)
- Dearbhadh air poileasaidhean àrachadh na buidhne

#### Air am moladh (ma tha iad rim faighinn)

- An Aithisg Bhliadhnaill mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh co-ionannachd chothroman no Poileasaidh Co-ionnanachd, lomadachd is Inghabhaltachd
- Poileasaidh no aithris àrainneachd

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas bidh an t-iarrtas neocheadaichte agus cha tèid a mheasadh.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig a' bhuidhinn agaibh cuideachd, fo ainnm na buidhne, nuair a tha sibh a' cur an iarrtas a-steach. Cha bhith e comasach dhuinn taic-airgid a thoirt seachad dhan bhuidheann agaibh mur eil cunntas banca fosgailte agaibh.

The application portal will close at **3pm on Thursday 13 July 2023** and it will not be permitted to submit an application after this date unless permission has been obtained in writing from Bòrd na Gàidhlig.

[Detailed support is available on our website as to what information we are looking for from each question.](#)

If you have any issues with the portal or have any questions about the application, please email us at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

When submitting your application, you must include the **required supporting documents**, as follows:

#### Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual accounts or 3 bank statements from last 12 months (or for recently constituted organisations, a letter from your bank to confirm an account has been opened)
- Child Protection or Safeguarding policy
- List of board or committee members with contact details (with at least a Chair, Secretary and Treasurer named, with different individuals holding each post)
- Confirmation of the group's insurance policies

#### Recommended (if available)

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy or Equalities, Diversity and Inclusion policy
- Environmental policy or statement

Applications which do not provide the required supporting documents will be declared ineligible and will not be assessed.

It is also essential that your organisation has an active UK bank account, in the name of the organisation, at the time of applying. We will not be able to award funding unless your group has an active bank account.

## Pròiseas measaидh iarrtasan

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxxx a' dearbhadh gun d' fhuaire sinn an t-iarrtas agaibh. Mur eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an t-iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh dìreach air a shàbhaladh.

Às dèidh a' chinn-uidhe airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a' toirt seachad an fhiosrachaидh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach, no thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannal de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùireadh-measaидh](#), agus curidh iad molaidean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a nì an co-dhùnadair na h-iarrtasan.

Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaидh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaидh, is sinn ag iarraidh gun tig freagairtean air ais thugainn taobh-a-staigh 3 làithean-obrach gus dàil air pròiseasan measaидh a sheachnadh.

Thèid innse dhuibh mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas agaibh tro phost-d meadhain an Lùnastal 2023.

Ma tha an iarrtas agaibh sealltainn nach eil sibh a' coileanadh cuid de na feumalachdan airson taic-airgid, dh' fhaodadh gun e co-dhùnadair "ann am prionnsapal" a bhios ann air an iarrtas agaibh is gun fheum sibh cumhaichean a choileanadh airson a bhith airidh air taigse taic-airgid foirmeil. Chan e taigse taic-airgid a th' ann an co-dhùnadair ann am prionnsapal is feumaidh sibh gach cumha den cho-dhùnadair a choileanadh ro 31 Dàmhair 2023 no thèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh.

## Application review process

You will receive an automatic email acknowledgment from the Fluxxx portal to confirm that we have received your application. If this hasn't been received, please ensure that you have submitted the application rather than just saving it.

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this within 10 working days, or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to [the assessment guidance](#), and they will make recommendations to the Bòrd na Gàidhlig Senior Management Team who will decide on the outcome of applications.

Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details as part of the assessment process and we request that responses are provided within 3 working days to avoid delays to assessment processes.

You will be informed of the result of your application via email in mid-August 2023.

If your application does not meet several criteria required for funding, but we consider these to be achievable, the decision on your application may be a decision "in principle" dependant on your group fulfilling certain conditions to be eligible for a formal award. An in principle decision is not an award of funding and you must fulfil all requirements of the in principle conditions before 31 October 2023 or the application will be declined.

## Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ris an iarrtas agaibh, thèid litir-tairgse a chur thugaibh. Innsidh sin dè am maoineachadh a gheibh sibh agus dè na cumhachan maoineachaidh a th' ann.

Ma tha tabhartas air aontachadh, thathar an dùil gun tèid 50% den tabhartas a phàigheadh nuair a thilleas sibh an litir-tairgse agus dearbhadh air an fhiorsachadh banca agaibh.

**Ma tha sibh air maoineachadh fhaighinn a-cheana, feumaidh sibh aithisgean a chur thugainn airson nam bliadhnaichean don d' fhuair sibh taic's aonta fhaighinn airson nan aithisgean sin mus tèid ur pàigheadh airson an sgeama seo.**

Thèid 25% den tabhartas a phàigheadh san Fhaoilleach 2023, ach tha seo a' crochadh air aithisg adhartais a chur a-steach leis a bheil sinn riaraichte stèidhichte air a' chiad dà theirm den bhliadhna-sgoile.

Thèid am 25% mu dheireadh den tabhartas a phàigheadh sa Ghiblean 2024, a' crochadh air aithisg teachd-a-steach/cosgaisean a chur a-steach le fios air na chosg sibh gu ruige seo is an dùil a chosg ro dheireadh na bliadhna-sgoile.

Cuiribh fios san foirm-iarrtais agaibh no gu sgioba tabhartasan Bhòrd na Gàidhlig aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) nam biodh clàr-ama pàighidh eadar-dhealaichte nas freagarrache dhuibh.

## Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Faodaidh sibh cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a' maoineachaidh againn air an làraich-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làraich-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh'fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh.

## Successful applications

If your funding application is successful, a letter of offer will be sent to you. This will explain the level of funding agreed and the conditions that apply.

If support for a grant is agreed, it is expected that 50% of the grant will be paid upon return of the signed letter of offer and confirmation of your bank details.

**Please note that if funding has been received in previous years that reports for those years must be submitted and approved before we can make any payment for this scheme.**

A payment of 25% of the grant will be made in January 2023, conditional on receiving a satisfactory progress report based on the first two terms of the school year.

Payment of the final 25% of the grant will be in April 2024, conditional on you submitting an income/expenditure report including information on what you have spent so far and expect to spend before the end of the school year.

Please note within your application or contact Bòrd na Gàidhlig's funding team at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) if you would like to arrange for a different payment schedule.

## More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request.